



University of the
Highlands and Islands
Oilthigh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean

Plana Gàidhlig 2019-2022

Air ullachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.



Facal-toisich

Mar phrionnsapal agus iar-sheansalair Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, tha mi ro thoilichte an treas Plana Gàidhlig againn a chur an làthair. Tha am plana seo a' daingneachadh ar dealas airson nan amasan agus nan cuimsean ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Leis nach eil oilthigh ann air a shuidheachadh air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan ach sinn fhèin, tha sinn gu math mothachail air na dleastanasan a tha oirnn a bhith a' cur ri inbhe na Gàidhlig.

Sa chiad agus san dàrna Plana Gàidhlig againn bha earrainn mhòr air leasachadh a' churraicealaim agus tha e nar rùn suidheachadh na Gàidhlig a neartachadh air feadh chom-pàirteachas an oilthigh le bhith ag obair air seo agus earrainnean treas ìre eile.

Tha sinn, gun teagamh, airson togail air na choillean sinn tro na planaichean a bh' ann agus tha am plana ùr seo a' sealltainn dealas leantainneach an oilthigh airson leasachadh agus adhartachadh na Gàidhlig. Feadh rèis a' phlana seo nithear oidhirp dìcheallach agus an dèan sinn mar a leanas oidhirp cho-òrdanaichte a dhèanamh gus ìomhaigh na Gàidhlig taobh a-staigh an Oilthigh a chumail suas agus àrdachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cur gu h-ìomlan ri coileanadh amasan Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023.



An t-Àrd-ollamh Clive Mulholland
Prionnsapal agus Iar-Sheansalair
Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Clàr-innse



Geàrr-chunntas

2

Na prìomh eileamaidean

3

Ro-ràdh

- An co-theacs a shuidheachadh airson Planaichean Gàidhlig a dhealbhadh 4
- Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean 5
- Gàidhlig ann an sgìre-obrach an oilthigh 6

Geallaidhean bunaiteach

- Ullachadh curraicealach 8
- Cur an gnìomh amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba 8
- Na dh'fhiosraicheas oileanaich 8
- Ìomhaigh 8
- Conaltradh 9
- Foillseachaidhean 9
- Luchd-obrach 9

Curraicealam agus rannsachadh

- Structar acadaimigeach 10
- Leudachadh a thoirt air cothrom is com-pàirteachadh 11
- Ullachadh curraicealach 11
- Curraicealam is gnìomhachdan rannsachaidh 14

Cur an gnìomh agus dearcnachadh

36

Fiosrachadh conaltraidh

37

Cairt adhartas chùrsaichean

38

Geàrr-chunntas

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig agus an cultar a tha co-cheangailte rithe fìchte fuaighte ann an dualchas, fèin-aithne nàiseanta is saoghal cultarail na h-Alba. Tha an t-oilthigh dealasach airson nan amasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha e air na structaran agus na h-iomairtean iomchaidh a chur air dòigh a dhèanamh cinnteach gum bi àite seasmhach soirbheachail aig a' Ghàidhlig ann an Alba san ùine air thoiseach.

Bheir Plana Gàidhlig an oilthigh cunntas air an dòigh a chleachdas e a' Ghàidhlig ann a bhith a' coillionadh nan gnìomhan is nan seirbheisean aige, an dòigh a bheir e cothrom a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig an àm a bhith a' conaltradh ris a' mhòr-shluagh agus com-pàirtichean cudromach, agus an dòigh a dh'abhàistichas, a dh'adhartaichas is a leasaichas e a' Ghàidhlig, a' togail air an oidhirp a rinneadh is na ceuman a ghabhadh gu ruige seo.

Tha plana an oilthigh a' gabhail a-steach earrainn air leasachadh a' churraicealaim, a tha a rèir na pàirte a chluicheadh an t-oilthigh ann a bhith a' solar foghlam Gàidhlig.

An àm a bhith a' dealbhadh a' phlana rinn sinn co-chomhairleachadh farsaing, an dà chuid air an taobh a-staigh ris an luchd-obrach is na h-oileanaich againn agus tro obair co-chomhairleachaidh phoblach a mhair ochd seachdainean. Chaidh cunntas a ghabhail air a h-uile stuth a chaidh a chur a-steach sa cho-chomhairleachadh is chuidich iad air fad a bhith a' dealbhadh a' phlana againn.

Chaidh Plana Gàidhlig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, agus sinn a' toirt an aire air Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh mu Phlanaichean Gàidhlig a Dhealbhadh.

Tha an t-oilthigh ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach cugallach agus mas e is gu bheilear ri Gàidhlig a thoirt air ais mar chànan beò ann an Alba gum feum an Riaghaltas, an roinn phoblach is an roinn phrìobhaideach, buidhnean-coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth oidhirp dhian a dhèanamh gus:

*Inbhe na Gàidhlig
a leasachadh*

*togail is
ionnsachadh na
Gàidhlig a chur air
adhart*

*daoine a
bhrosnachadh a
bhith a' dèanamh
barrachd feuma
den Gàidhlig*

Na prìomh eileamaidean

Ro-ràdh

Ann an earrann seo gheibhear an cùl-fhiosrachadh agus an co-theacs a bhuineas ri ullachadh nam Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus cruth nam prìomh raointean obrach aig an oilthigh. Tha e cuideachd a' toirt geàrr-chunntas air slugh-thomhas na Gàidhlig agus gnìomhachdan coimhearsnachd sa Ghàidhlig ann an sgìre an oilthigh.

Geallaidhean bunaiteach

Tha an earrann seo ag innse mar a bheir an t-oilthigh cothrom air cleachdadh na Gàidhlig anns na prìomh ghnìomhan obrach aige is mar a chleachdas e an cànan e fhèin. Tha i a' sealltainn ris na prìomh raointean-obrach leithid ìomhaigh chorporra, sanasan, conaltradh ris a' mhòr-shluagh agus cleachdadh na Gàidhlig air na làraichean-lìn againn. Leigidh an earrann seo ris an ìre bhunaiteach as lugha de dh'ullachadh sa Ghàidhlig a tha sinn a' gealltainn rè a' phlana.

Curraicealam agus rannsachadh

Gu sònraichte, bheir an earrann seo tuairisgeul mionaideach air mar a nì sinn leasachadh air curraicealam na Gàidhlig tarsainn ullachadh an oilthigh ann am foghlam adhartach is àrd-ìre an dà chuid. Cuiridh i aghaidh air ceistean mar chothroman a thaobh cheumannan, ullachadh mhodalan, ullachadh air-loidhne agus raointean eile den churraicealam a ghabhas leasachadh tro mheadhan na Gàidhlig no san dà chànan. Bheir i an aire cuideachd mar a chuireas an t-oilthigh ri leasachadh rannsachadh air a' Ghàidhlig agus an cultar Gàidhealach.

Cur an gnìomh agus dearcnachadh

Tha an earrann seo ag innse mar a chuireas an t-oilthigh am Plana Gàidhlig aige an gnìomh agus mar a thèid cur an gnìomh is toraidhean a dhearcnachadh.

Ro-ràdh

An co-theacs a shuidheachadh airson Planaichean Gàidhlig a dhealbhadh

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus cur a-mach brath:

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil an Alba leis an aon urram is a bheirear don Bheurla.

Aonan de na nithean as cudromaiche ann an Achd 2005 is e an t-ullachadh a bheir comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a chur ri chèile. Chaidh an t-ullachadh seo a chruthachadh a dhèanamh cinnteach gun cuidich an roinn phoblach ann an Alba gus seasmhachd a thoirt don Ghàidhlig le bhith a' cur ris an inbhe is an ìomhaigh aice agus a' cruthachadh chothroman a bhith ga cleachdadh.

Co-chomhairleachadh air dreachd de Phlana Gàidhlig: Fo Achd 2005, tha aig buidhnean poblach ri ullachadh nam Planaichean Gàidhlig aca a thoirt fainear do na h-uile duine aig a bheil ùidh sa chùis. Rinn Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean co-chomhairleachadh follaiseach air dreachd a' phlana Ghàidhlig aige bho: 25 Ògmhios 2018 gu 20 Lùnastal 2018.

Feadh ùine a' cho-chomhairleachaidh, chaidh fios a chur a-mach gu cunbhalach mun chothrom a bhith a' toirt bheachdan air an dreachd de phlana ann an litrichean-naidheachd do luchd-obrach, air làrach-lìn agus lìonraidhean sòisealta an oilthigh, agus le post-d chun luchd-ùidhe air an taobh a-muigh. Bha iomradh air a' cho-chomhairleachadh air Aithrisean air Radio nan Gàidheal agus an Là leis a' BhBC. Chaidh cunntas iomlan a ghabhail air a h-uile freagairt a fhuaras air a' cho-chomhairleachadh agus bha buaidh aca air tionndadh mu dheireadh a' phlana ris an do chuir cùirt an oilthigh aonta foirmeil.

Aontachadh air Plana Gàidhlig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean:

Chaidh Plana Cànan Gàidhlig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean 2019-2022 aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 20 Gearran 2019.

Cunntas-sluaigh 2011

			Alba
Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)	87,056	1.7%	de shluagh na h-Alba
daoine a labhras Gàidhlig	57,602	66.2%	de shluagh na h-Alb
		67.1%	de dhaoine le sgil Gàidhlig
luchd-labhairt a leughas Gàidhlig	38,636	67.1%	de dhaoine le sgil Gàidhlig
luchd-labhairt litearra na Gàidhlig	32,418	56.3%	de dhaoine le sgil Gàidhlig

tùs: NRS clàr AT_234_2011

Le Gàidhlig san dachaigh	24,974	0.5%	de shluagh na h-Alba
		43.4%	de dhaoine a labhras Gàidhlig

tùs: NRS clàr KS206SC

Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)

Aois 3–15	9,686	11.1%	de dhaoine le sgil Gàidhlig
Aois 16–24	9,653	11.1%	de dhaoine le sgil Gàidhlig
Aois 25–34	10,875	12.5%	de dhaoine le sgil Gàidhlig
Aois 35–49	19,155	22.0%	de dhaoine le sgil Gàidhlig
Aois 50–64	18,999	21.8%	de dhaoine le sgil Gàidhlig
Aois 65+	18,688	21.5%	de dhaoine le sgil Gàidhlig

tùs: NRS clàr AT_001_2001

Foghlam tron Ghàidhlig 2017-18

		Alba
Solar Gàidhlig Aois 0–3	64	àitichean (san Fhaoilleach)
	1,242	daoine-cloinne (mu thuaiream)
Sgoil-àraich	54	sgoiltean-àraich
	1,078	daoine-cloinne (ro dheireadh bl.)
	156	luchd-obrach
	94	FTE
Bun-sgoil	58	bun-sgoiltean
	3,278	sgoilearan
	219	tidsearan
	192	FTE
Àrd-sgoil	31	àrd-sgoiltean
	1,251	sgoilearan
	15	cuspairean
	103	tidsearan


Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Is e oilthigh amalaichte a th' ann an Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a tha a' gabhail a-steach foghlam adhartach is àrd-ìre an dà chuid.

Tha com-pàirteachas sònraichte an oilthigh de cholaistean is stèidheachdan rannsachaidh air a shuidheachadh gu h-ionadail agus freumhaichte ann an coimhearsnachdan, ach le buaidh nàiseanta agus eadarnàiseanta, mar phàirt de structar roinneil.


Tha cliù an oilthigh air a thogail air a' mhodh-obrach ùr-ghnàthach a th' aige a thaobh ionnsachadh agus an rannsachadh is an curraicealam air leth aige – air an saobhreachadh le daoine, àrainneachd nàdarra, eaconamaidh, cultar is dualchas na Gàidhealtachd is nan Eilean agus an coimhearsnachdan.

Tha barrachd is 40,000 oileanach aig an oilthigh, agus tha portfòilio a' churraicealam againn ann am foghlam adhartach is àrd-ìre an dà chuid air a dhealbhadh a bhith a' solar feuman ionadail is roinneil an-diugh agus a-màireach.



Oileanaich làn-ùine **5468** Oileanaich pàirt-ùine **3921**

Àireamh iomlan de dh'oileanaich foghlam àrd-ìre **9381**



Oileanaich làn-ùine **4357** Oileanaich pàirt-ùine **27289**

Àireamh iomlan de dh'oileanaich foghlam adhartach **31646**

Structar

Aig cridhe an oilthigh tha a' bhuidheann chorporra

Tha seo air a dèanamh suas le cùirt an oilthigh agus an luchd-obrach a tha air am fastadh gu dìreach leis a' chùirt. Am meas an luchd-obrach seo a tha air am fastadh gu dìreach tha am prionnsapal agus iar-sheansalair agus an àrd-sgioba stiùiridh, a' gabhail a-steach an leas-phrionnsapail, nan iar-phrionnsapalan agus rùnaire is prìomh oifigear gnìomhachaidh an oilthigh.

Taobh a-staigh den structar seo, tha ball de dh'àrd-sgioba stiùiridh an oilthigh air a bheil an t-uallach gnìomhach airson dearcnachadh Plana Gàidhlig an oilthigh. Tha an dreuchd seo a' gabhail a-steach an dleastanas a bhith a' dearcnachadh leasachadh is cur an gnìomh a' Phlana Gàidhlig air feadh chom-pàirteachas an oilthigh.

Tha com-pàirtichean acadaimigeach an oilthigh air an sgapadh air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha a ghnàths fhèin aig gach aon de na com-pàirtichean acadaimigeach agus e a' cur ri oilthigh air leth. Is e colaistean coimeasach mòr a th' ann an cuid dhiubh ann am bailtean mòra de leithid Pheairt, Eilginn is Inbhir Nis. Is e stèidheachdan nas lugha a th' ann am pàirt eile dhiubh is iad ag obair sa chuid as motha air rannsachadh. Tha am Planaichean Gàidhlig fhèin aig Colaiste a' Chaisteil UHI agus Sabhal Mòr Ostaig UHI, agus is e dleastanas Chomataidh Ghàidhlig an oilthigh dèanamh cinnteach gu bheil plana an oilthigh an co-chòrdadh ris na planaichean seo. Bidh com-pàirtichean acadaimigeach eile a' cur barrachd is barrachd ri inbhe is leasachadh na Gàidhlig.

Tha oifigear Gàidhlig aig an oilthigh a tha na bhall bunaiteach den luchd-obrach agus air a bheil an dleastanas a bhith a' cuideachadh le leasachadh is cur an gnìomh Plana Gàidhlig an oilthigh.



Colaiste Arcaibh UHI

Colaiste na Gàidhealtachd a Tuath UHI

Colaiste a' Chaisteil UHI

Colaiste Dhiadhachd na Gàidhealtachd UHI

Moray College UHI

Colaiste Inbhir Nis UHI

Sabhal Mòr Ostaig UHI

Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI

Comann Saidheans Mara na h-Alba UHI

Colaiste Pheairt UHI

Colaiste Earra-Ghàidheil UHI

Tha oifis aig iomadh bhuidheann Gàidhlig ann an sgìre na h-Oilthighe, leithid ri

Bòrd na Gàidhlig

An Comunn Gàidhealach

Comunn na Gàidhlig

Stòrlann


Fèisean na Gàidheal

BBC Alba

MG Alba

Ainm an Àite na h-Alba

Comunn na Pàrant



Gàidhlig aig an Oilthigh

Ghabh an t-oilthigh ri poileasaidh Gàidhlig an toiseach ann an 1999. Chaidh ciad Phlana Gàidhlig an oilthigh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 24 Lùnastal 2010 agus ghabh e a-steach an ùine bho 2010 gu 2014. Bho 2010, tha an t-oilthigh air adhartas mòr a dhèanamh a thaobh na h-ìre a chithear agus a chluinnear a' Ghàidhlig sna seirbheisean a bhios e a' toirt seachad do dh'oileanaich, don luchd-obrach agus don mhòr-shluagh. Bidh na seirbheisean agus na goireasan Gàidhlig air fad a' nochdadh co-ionannachd spèise don Ghàidhlig agus don Bheurla.

Tha tòrr de na geallaidhean a bh' ann an ciad phlana an oilthigh a-nis mar phàirt de dh'obair làitheil an oilthigh.

Poileasaidh Gàidhlig

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig agus an cultar a tha co-cheangailte rithe fichte fuaighte ann an dualchas, fèin-aithne nàiseanta is saoghal cultarail na h-Alba.

Tha an t-oilthigh dealasach airson nan amasan ann am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig, a' gabhail a-steach na Ro-innleachd Nàiseanta airson Foghlaim Ghàidhlig, agus a bhith a' cluich pàirt chudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi àite seasmhach aig a' Ghàidhlig san àm ri teachd mar chànan beò.

Bidh Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean for-ghnìomhach a thaobh a bhith:

1. A' cur ri faicsinneachd agus cleachdadh na Gàidhlig tro na stuthan agus na gnìomhachdan aige fhèin.
2. A' brosnachadh cultar na Gàidhlig tro churraicealam, foillseachaidhean agus tachartasan an oilthigh.
3. A' trusadh luchd-obrach aig a bheil sgilean Gàidhlig freagarrach, mar as iomchaidh do na dreuchdan aca anns an oilthigh.
4. A' brosnachadh an luchd-obrach air fad agus a' toirt taic dhaibh, ge be dè an dreuchd a th' aca, a bhith a' togail agus a' leasachadh sgilean Gàidhlig.
5. Ag adhartachadh chothroman taobh a-staigh curraicealam an oilthigh airson ionnsachadh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, ionnsachadh na Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig. Bidh cothroman a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig rim faotainn tro mhodalan bogaidh dian cho math ri bhith rim faotainn tron oilthigh air fad agus taobh a-muigh dheth.
6. A' gabhail rannsachadh os làimh tron Ghàidhlig agus rannsachadh air cànan is cultar na Gàidhlig, a' gabhail a-steach eòlais fhoghlaim a thaobh teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha na geallaidhean a tha air an cur an cèill sa phlana seo ag aithneachadh gu bheil iol-ghnèitheachd chànaichean ann air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus chan eil iad idir a' cur suarach cànaichean is dualchainntean eile.

Geallaidhean bunaitheach

Curraicealam is Rannsachadh

Tha obair curraicealaim is rannsachaidh aig cridhe is cuislean adhbhar-bith an oilthigh. Tha an t-oilthigh dealasach a bhith a' solar farsaingeachd de chothroman curraicealach an dà chuid tro mheadhan na Gàidhlig agus mu thimcheall na Gàidhlig agus a cultair. Cuiridh an obair rannsachaidh aige gu mòr is gu dìoghalta ris a' bhunait eòlais nàiseanta mun Ghàidhlig is mun àite aice ann an comann sòisealta na h-Alba.

Cur an gnìomh amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba

Tha rùn aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean na h-amasan ro-innleachdail aig Riaghaltas na h-Alba a thoirt gu buil. Anns na geallaidhean bunaitheach seo a leanas tha sinn a' cur an cèill dè na h-amasan ro-innleachdail a gheibh taic leis na gnìomhan anns a' phlana againn. Tha iad seo air an comharrachadh leis an àireimh iomchaidh bhon liosta gu h-ìosal aig deireadh gach earrainn.

1. **Nas beartaiche agus nas cothromaiche**
2. **Nas innleachdaiche**
3. **Nas fhallaine**
4. **Nas sàbhailte agus nas treise**
5. **Nas uaine**

Na dh'fhiosraicheas oileanaich

Cion-fàth:

Tha cothrom air leth aig oileanaich Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean Gàidhlig ionnsachadh agus cùrsaichean tro mheadhan na Gàidhlig a dhèanamh ann an sgìrean far a bheil a' chànain na fìor phàirt bheothail den choimhearsnachd ionadail. Cho math ris an t-solarachadh churraicealaim seo a tha a' sìor dhol am meud (mar a chithear gu h-àrd) tha an t-oilthigh ag aithneachadh cho cudromach is a tha e seirbheisean a thoirt do dh'oileanaich sa Ghàidhlig.

Ìomhaigh

Cion-fàth:

Tha an t-oilthigh a' creidsinn, leis a' Ghàidhlig a bhith barrachd ri a faicinn air an aghaidh chorporra agus na sanasan aige, gun tèid inbhe na Gàidhlig àrdachadh gu mòr agus gun tig a' chànain fada bharrachd fa-near san fharsaingeachd do mhuintir nan coimhearsnachdan ionadail, am mòr-shluagh sa choitcheannas agus luchd-tadhail eile a thig chun nan àrainnean againn no a thèid seachad orra. Tarraingidh ìomhaigh lèirsinneach an oilthigh aire a' mhòr-shluaigh air a' chànain agus bidh i na cuideachadh a thaobh a leasachaidh.

Margaideachd is Conaltradh

Cion-fàth:

Le feum a bhith ga dhèanamh den Ghàidhlig, ann an àitichean iomchaidh air feadh chom-pàirteachas an oilthigh, bidh a' chànain barrachd ri a faicinn is ri a cluinntinn, agus bidh e nas soilleire gun gabh a' Ghàidhlig uisneachadh is gun cuirear fàilte air sin. A bharrachd air a bhith a' togail ìre fhollaiseach na cànain, bidh e cuideachd a' cruthachadh chothroman a bhith ga cleachdadh agus a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh an àm a bhith a' bruidhinn ri luchd-obrach is oileanaich an oilthigh.

Tha an t-oilthigh a' creidsinn, le barrachd Gàidhlig a bhith ri a faicinn ann an obair margaideachd is conaltradh, gun tèid inbhe na Gàidhlig àrdachadh gu mòr agus gun tig i fada bharrachd fa-near do dhaoine sa choitcheannas.

Foillseachaidhean


Cion-fàth:

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an caochladh stuth clò-bhuailte cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an àireimh de dhiofar dhòighean. Cuiridh e ri faicsinneachd a' chànain, agus togaidh e inbhe na Gàidhlig is i ga cleachdadh ann am foillseachaidhean a chithear fad is farsaing. Leis a' Ghàidhlig a bhith ga cleachdadh anns na meadhanan cuidichear le bhith a' sealltainn an rùin a th' aig an oilthigh a bhith a' cur a-mach fiosrachadh cudromach tro mheadhan na Gàidhlig, cho math ri bhith a' cur ri faicsinneachd is inbhe a' chànain. Le barrachd dhaoine a' tighinn air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, gabhaidh cur gu mòr ri inbhe is follaiseachd a' chànain le bhith a' cur air dòigh gum faodar a' Ghàidhlig cleachdadh.

Luchd-obrach

Cion-fàth:

Gus seirbheisean a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, feumar eòlas-obrach agus eòlas-cànain deatamach an luchd-obrach a leasachadh. Ann a bhith a' toirt ionnsachadh cànain don luchd-obrach, bithear a' cuideachadh gus ionnsachadh na Gàidhlig am measg inbheach a chur air adhart agus a' Ghàidhlig fhèin a chur air adhart mar sgil feumail san àite-obrach. Le bhith ag ainmeachadh obraichean anns a bheil a' Ghàidhlig na sgil comharraichte cuirear gu mòr ri inbhe a' chànain agus ri bhith ga cur fa chomhair dhaoine mar sgil feumail ri a thogail.



Curraicealam agus Rannsachadh

Tha pàirt chudromach air leth aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean ri a cluich ann a bhith a' cur taic ri amasan Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-2022 agus gu sònraichte na h-earrainn a bhuineas ri foghlam. Tha an earrainn seo a' cur an cèill mar a dh'adhartaicheas an t-oilthigh na h-amasan seo suas ri 2022.

Tha farsaingeachd de dh'ullachadh curraicealach aig an oilthigh a bhuineas dìreach ris a' Phlana Ghàidhlig aige agus air an tàinig fàs sna bliadhnan seo chaidh. Tha seo a' gabhail a-steach ullachadh do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig a h-uile h-ìre, cho math ri fileantaich agus feadhainn is a' chànain aca on ghlùin, ullachadh ann am foghlam do luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig, agus ullachadh do dh'oileanaich a tha ag iarraidh barrachd a thuigsinn mun Ghàidhlig agus a cultar, nach eil ag ionnsachadh na cànain iad fhèin. Tha curraicealam an oilthigh sa Ghàidhlig a' gabhail a-steach gnìomhachd ann am foghlam adhartach is àrd-ìre an dà chuid. Ann an aithghearrachd tha an t-oilthigh dealasach a bhith a' cur gu mòr ri adhartachadh, cuideachadh is meudachadh foghlam Gàidhlig ann an Alba.

Tha gnìomhachd obair rannsachaidh is iomlaid eòlais nam pàirt bhunaiteach de dh'obair an oilthigh. A thaobh rannsachadh air a' Ghàidhlig agus a cultair, tha an t-oilthigh a' cur gu mòr ris na choileanar de rannsachadh san raon seo, agus cumaidh e air a' dèanamh mar sin. Am measg nam prìomh fhòcasan tha Soillse, am pròiseact iomadh-oilthigheach air a' Ghàidhlig, agus taic do dh'Instiuid ùr airson nan Saidheansan Cànain.

Leudachadh a thoirt air cothrom is com-pàirteachadh

Tha e aig cridhe is cuislean rùn an oilthigh a bhith a' leudachadh cothrom is com-pàirteachadh, gu sònraichte a thaobh aghaidh a chur ri dìth chothroman do dhaoine air sgàth an àite anns a bheil iad air an suidheachadh.

Tha na geallaidhean sa phlana seo a' cur am follais mar a dh'fheuchas sinn ri cothroman air a' Ghàidhlig a leudachadh air feadh a' chom-pàirteachais agus gu sònraichte mar a chuireas sinn ris an t-solarachadh do dh'oileanaich air cùrsaichean ceangailte ri cùram-cloinne, na h-ealain agus na meadhanan, dualchas agus turasachd. Tha sinn a' toirt oidhirp tro na gnìomhachdan trusaidh cuimsichte againn feuch am bi barrachd dhaoine a' gabhail pàirt ann an cùrsaichean Gàidhlig.

Ullachadh curraicealach

Eadar 2013 is 2018, bha àireamhan nan oileanach sa churraicealam Ghàidhlig ann am foghlam àrd-ìre seasmhach san fharsaingeachd, le fianais gu ìre gu robh fàs anns na h-àireamhan ri linn leudachadh air na bha ga thairgsinn sa churraicealam. Ann am foghlam adhartach, thàinig fàs air na h-àireamhan a bha a' dol a-steach don Chùrsa Inntrigidh aig Sabhal Mòr Ostaig UHI agus cùrsaichean goirid na colaiste. Bha ullachadh làidir ann cuideachd ann an clasaichean Gàidhlig do bhuidhnean coimhearsnachd, gu sònraichte an Colaisde a' Chaisteil UHI agus Sabhal Mòr Ostaig UHI.

Tha na h-àireamhan iomlan air prògraman an oilthigh, a bhios gan liubhairt sa chuid as motha tro Shabhal Mòr Ostaig UHI is Colaisde a' Chaisteil UHI, ri am faicinn sa chlàr gu h-ìseal:

Foghlam Àrd-ìre	2014-15	2015-16	2016-17	2017-18
LÙ	109	109	86	98
PÙ	153	176	182	166
Iomlan	262	285	268	264
Foghlam Adhartach				
PÙ	172	197	206	238
Àrd-ìre is Adhartach le chèile	434	482	474	502
Cùrsaichean Goirid				
Sabhal Mòr Ostaig UHI	878	853	901	904
Colaisde a' Chaisteil UHI	106	115	98	52
Àireamh Iomlan nan Cùrsaichean Goirid	984	968	999	956
Àrd-ìre/Adhartach + Cùrsaichean Goirid le Chèile	1418	1450	1473	1458

Prògram	2014-15			2015-16			2016-17			2017-18		
	Cinn	LÙ	PÙ	Cinn	LÙ	PÙ	Cinn	LÙ	PÙ	Cinn	LÙ	PÙ
SCQF ìre 7												
CertHE An Cùrsa Adhartais	75		75	78		78	77		77	80		80
CertHE An Cùrsa Comais	19	18	1	16	14	2	18	15	3	16	14	2
CertHE Gàidhlig agus Conaltradh	13	13		7	7		8	7	1	10	9	1
Iomlan	107	31	76	101	21	80	103	22	81	106	23	83
SCQF ìre 8												
DipHE Gàidhlig agus Cuspairean Co-cheangailte	32	6	26	38	3	35	45	3	42	33	4	29
PDA Na Meadhanan Gàidhlig	15	15		13	11	2	10	10		11	11	
Iomlan	47	21	26	51	14	37	55	13	42	44	15	29
SCQF ìre 7-10												
BA (Urr) Cultar is Dualchas le Gàidhlig	1	1		4	2	2	3	1	2	4	2	2
BA (Urr) Gàidhlig agus Leasachadh	19	9	10	17	10	7	14	8	6	16	11	5
BA (Urr) Gàidhlig le Foghlam										7	7	
BA (Urr) Gàidhlig agus na Meadhanan	9	9		11	10	1	9	9		9	7	2
BA (Urr) Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta	15	13	2	12	9	3	8	7	1	6	6	
BA (Urr) Cànan is Cultar na Gàidhlig	36	18	18	43	23	20	38	20	18	34	15	19
BA (Urr) Alba na Gàidhlig	8	2	6	16	8	8	15	4	11	16	7	9
BA (Urr) Eachdraidh na h-Alba le Gàidhlig				1		1	1		1	1	1	
PGDE (Bun-sgoil) [Tro Mheadhan na Gàidhlig]	5	5		7	7		2	2		4	4	
PGDE (Àrd-sgoil) [Tro Mheadhan na Gàidhlig]				5	5		1		1			
MA (Urr.) Gàidhlig le Foghlam	7		7	9		9	13		13	7		7
Iomlan	100	57	43	125	74	51	104	51	53	104	60	44

Prògram	2014-15			2015-16			2016-17			2017-18		
	Cinn	LÙ	PÙ	Cinn	LÙ	PÙ	Cinn	LÙ	PÙ	Cinn	LÙ	PÙ
SCQF level 11												
MSc Cultar Dùthchasach agus Eachdraidh na Gàidhealtachd	6		6	7		7	6		6	10		10
PgCert Deasachadh agus Foillseachadh	2		2	1		1						
Iomlan	8		8	8		8	6		6	10		10
Àireamh iomlan	262	109	153	285	109	176	268	86	182	264	98	166

Dàta air a tharraing à Aithisg (ENROO6) 07 Màrt 2019.

¹ Ro Shultain 17 b' e ainm a' phrògram BA (Urr) Eòlas Cultarach na h-Alba le Gàidhlig.

Is e eileamaid chudromach den churraicealam an cudrom a bhitear a' cur air fileantachd, le ìre 7 air a dealbhachadh mar bhliadhna airson cànan bhunaiteach. Tha trì slighean a-steach don churraicealam aig ìre 7, a rèir comas sa chànan. Faodaidh oileanaich An Cùrsa Comais, Gàidhlig is Conaltradh no An Cùrsa Adhartais a dhèanamh. Tha an cùrsa mu dheireadh seo coltach ris a' chiad chùrsa, ach tha e ri fhaotainn air astar agus pàirt-ùine.

Tha an t-oilthigh a-nis an dèidh tòiseachadh a bhith a' gabhail pàirt ghnìomhach ann am foghlam do luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig agus e a' tairgsinn PGDE ann am foghlam tòiseachail luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig, cho math ri BA (Urr) ùr sa chuspair seo. A bharrachd air seo, tha eileamaid fhàsmhor de leasachadh dreuchdail leantainneach sa churraicealam, a tha an-dràsta ga liubhairt an com-pàirteachas ri Oilthigh Obar Dheathain. Tha Streap (teisteanas iar-cheum ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig) air a dhealbhadh a bhith a' cur air chomas do luchd-teagaisg a tha fileanta sa Ghàidhlig a bhith a' teagasg an cuspair speisealaichte tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha e ri fhaotainn do luchd-teagaisg bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig cuideachd.

Am measg nan rudan ùra a tha a' dol an-dràsta a thaobh a' churraicealaim tha tionntadh aghaidh ri aghaidh den Chùrsa Inntigidh tro Shabhal Mòr Ostaig UHI agus ullachadh ùr ann an cùram-cloinne tro mheadhan na Gàidhlig.



Raon Leasachaidh: Foghlam an dèidh sgoile

Toradh: Meudachadh air àireamh nan inbheach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus sgilean cànan nas fheàrr am measg luchd-labhairt fileanta.

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
1	Ni an t-oilthigh obair mapaidh feuch dè na diofar slighean a ghabhas oileanaich o fhoghlam adhartach gu foghlam àrd-ìre air feadh an lionra. Thèid cothroman curraicealach aig ìre foghlam adhartach a chruthachadh a bhios air an dealbhadh a bhrosnachadh adhartas gu cùrsaichean Gàidhlig ann am foghlam àrd-ìre, an eisimeil air toraidhean a' mhapaidh agus rannsachadh margaidh.		✓				Comataidh Ghàidhlig Daonnachdan, agus buidheann-obrach a' churraicealaim treas ìre sa Ghàidhlig
2	Brosnachaidh an t-oilthigh ri tuillidh chùrsaichean goirid Gàidhlig a thairgsinn agus ullachadh cànan eile aig diofar ìrean tro bharrachd chom-pàirtichean acadaimigeach.			✓			Comataidh Ghàidhlig
3	Obraichidh comataidh an lionra chuspairean le Sabhal Mòr Ostaig UHI agus Colaisde a' Chaisteil UHI, a chomharrachadh mar a leudaichear an curraicealam foghlam àrd-ìre a th' ann an-dràsta agus gus sùil a thoirt air cothroman a th' ann do luchd-labhairt fileanta sa churraicealam.			✓			Sabhal Mòr Ostaig UHI, Colaisde a' Chaisteil UHI agus stiùiriche an lionra chuspairean
4	Soirbhichidh comataidh an lionra chuspairean ath-bhreithneachadh air na cothroman a bhith a' tabhann na Gàidhlig ann an cuspairean eile agus bheir i air aghaidh cruthachadh modal deich puingean ann am mothachadh air a' Ghàidhlig. Bheir seo an t-uallachadh barrachd fa-near do dh'fharsaingeachd nas motha de bhuidhnean de dh'oileanaich.			✓			Stiùiriche an lionra chuspairean le Sabhal Mòr Ostaig UHI agus Colaisde a' Chaisteil UHI
5	Thèid geàrr-chunntas air dàta measaidh air àireamhan nan oileanach agus coilionadh nan oileanach ann am foghlam adhartach agus àrd-ìre a chur a dh'ionnsaigh nan Comataidhean bointeach san t-Sultain gach bliadhna airson sgrùdadh agus gnìomhachadh mar as iomchaidh.	✓					Stiùiriche sgeama na Gàidhlig is chuspairean co-cheangailte agus stiùirichean nam prògraman bointeach le stiùiriche an lionra chuspairean
6	Dealbhaichidh an t-oilthigh cùrsaichean drochaid iomchaidh far an comharrachadh beàrnan feuch an leasaichear cothroman airson adhartas bhon sgoil gu cùrsaichean Gàidhlig aig ìre foghlaim adhartach agus àrd-fhoghlaim, agus bho fhoghlam adhartach gu cùrsaichean Gàidhlig aig ìre àrd-fhoghlaim.		✓				Sabhal Mòr Ostaig UHI agus Colaisde a' Chaisteil UHI
7	Ann am prògraman aig ìre ceuma, leanaidh an t-oilthigh air a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an sgrìobhainnean fèin-mheasaidh phrògraman is mhodalan agus ann am pròiseas bhòrd dheuchainnean an oilthigh airson na Gàidhlig.		✓				Neach-clàraidh acadaimigeach

Raon Leasachaidh: Foghlam: sgoiltean agus tidsearan

Toradh: Meudachadh air àireamh an luchd-teagaisg Ghàidhlig / tro mheadhan na Gàidhlig agus meudachadh o bhliadhna gu bliadhna air àireamh nan sgoilearan a tha a' leantainn foghlam do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am bun-soiltean agus àrd-sgoiltean an dà chuid.

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
8	Leudaichidh sinn cothrom agus com-pàirteachadh le bhith a' toirt taic do bharrachd ullachaidh do sgoiltean ann an sgìrean chom-pàirtichean acadaimigeach air feadh an lìonra tro bhith a' cruthachadh chùrsaichean goirid agus ullachadh teistichte do sgoilearan bun-soile agus àrd-sgoile. Faodaidh gum bi an t-ullachadh teistichte a' gabhail a-steach Teisteanas Adhartais Nàiseanta agus Preantasachdan Bonn-stèidh (m.e. ann an cùram-cloinne).	✓					Com-pàirtichean acadaimigeach Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, gu sònraichte Sabhal Mòr Ostaig UHI agus Colaisde a' Chaisteil UHI
9	Daingnichidh agus leasaichidh an t-oilthigh prògram an Dioplòma Fhor-cheum Phroifeiseanta ann am Foghlam (tro mheadhan na Gàidhlig), a' gabhail a-steach a bhith a' cur ri àireamh nan oileanach air slighe na Gàidhlig o bhliadhna gu bliadhna, agus sinn a' dèanamh cinnteach daonnan gun cumar ris an riatanas gum bi luchd-tagraidh fileanta sa Ghàidhlig.	✓					Comataidh an lìonra chuspairean Buidheann-stiùiridh foghlam luchd-teagaisg Stiùiriche a' phrògram PGDE
10	Bheir an t-oilthigh lionmhorachadh air na h-oileanaich air a' phrògram BA (Urr) Gàidhlig le foghlam, agus e a' dèanamh cinnteach daonnan gun cumar suas ìrean fileantachd sa Ghàidhlig. Tòisichidh e pròiseas leantainneach de dh'ath-sgrùdadh is leasachadh air an ullachadh seo.	✓					Comataidh an lìonra chuspairean Buidheann-stiùiridh foghlam luchd-teagaisg Stiùiriche a' phrògram BA (Urr)
11	Bidh an t-oilthigh fhathast a' cluich pàirt chudromach ann a bhith a' dealbhadh ro-innleachd nàiseanta airson fàs a thoirt air foghlam luchd-teagaisg sa Ghàidhlig agus àireamh an luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig.	✓					Prionnsapal Shabhal Mòr Ostaig UHI Prionnsapal Cholaisde a' Chaisteil UHI Stiùiriche sgeama na Gàidhlig is chuspairean co-cheangailte
12	Dealbhaidh sinn is liubhradh sinn ionnsachadh dreuchdail fad rèis-obrach do luchd-teagaisg is luchd-foghlaim làn-theistichte a rèir fheuman a' mhargaidh.			✓			Buidheann-stiùiridh foghlam luchd-teagaisg Prionnsapal Shabhal Mòr Ostaig UHI Prionnsapal Cholaisde a' Chaisteil UHI

Raon Leasachaidh: Dachaigh agus bliadhnaichean tràtha

Toradh: Barrachd dhaoine òga a' togail is a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh, agus àrdachadh an àireimh na cloinne a tha a' dol a-steach gu foghlam thràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig. Solar a mheudachadh do thrèanadh tràth-bhliadhnaichean.

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
13	Cruthaichidh an t-oilthigh ullachadh tro mheadhan na Gàidhlig airson nam bliadhnaichean tràtha (ionnsachadh) agus cùram-cloinne a rèir feuman is rannsachadh margaid, a' gabhail a-steach ullachadh SVQ agus teisteanasan creideasachta eile sna bliadhnaichean tràtha/cùram-cloinne.		✓				Stiùiriche an lionra chuspaire-an agus stiùiriche sgeama na Gàidhlig is chuspairean co-cheangailte
14	Obraichidh an t-oilthigh le co-oibrichean ann am foghlam nan tràth-bhliadhnaichean agus Bòrd na Gàidhlig feuch dè a ghabhas dèanamh airson solarachadh a leudachadh ann am foghlam cùram-cloinne tro mheadhan na Gàidhlig.			✓			Stiùiriche an lionra chuspairean agus stiùiriche sgeama na Gàidhlig is chuspairean co-cheangailte



Raon Leasachaidh: Coimhearsnachdan

Toradh: **Barrachd chothroman is lionraidhean de gach uile seòrsa de luchd-labhairt Gàidhlig airson a' Ghàidhlig a chleachdadh, is an cànan a bhith ga chleachdadh barrachd ann an gnìomhachdan is seirbheisean coimhearsnachd agus gu sònraichte pàrantan is clann aig an taigh.**

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
15	Cumaidh an t-oilthigh air a' solar farsaingeachd mhòr de chùrsaichean Gàidhlig sa choimhearsnachd, a' gabhail a-steach a bhith tairgsinn mhodalan mar chothroman leasachadh cànan fa leth.	✓					Sabhal Mòr Ostaig UHI principal Colaisde a' Chaisteil UHI Com-pàirtichean acadaimigeach Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Raon Leasachaidh: An t-àite-obrach

Toradh: **Leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach agus air cothroman cosnadh far a bheil feum air sgilean Gàidhlig gus an gabh seirbheisean toirt seachad sa chànan.**

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
16	Cuiridh an t-oilthigh ris an fharsaingeachd de phrògraman goirid neo-chreideasaichte a tha air an dealbhachadh airson àrainneachdan obrach sònraichte agus airson meudachadh a thoirt air sgilean is so-fhastachd, m.e. sgilean is obair a bhuineas ri eadar-theangachadh Gàidhlig, ullachadh do luchd-obrach a tha ag obair ann an àrainneachdan cùraim, ullachadh do luchd-obrach a tha ag obair sna meadhanan Gàidhlig agus leasachadh na Gàidhlig.			✓			Prionnsapalan chom-pàirtichean acadaimigeach, gu sònraichte Colaisde a' Chaisteil UHI agus Sabhal Mòr Ostaig UHI
17	Cuiridh an t-oilthigh ris an fharsaingeachd de phrògraman creideasaichte a tha air an dealbhachadh airson àrainneachdan obrach sònraichte, agus mar sin bheil e leasachadh air ionnsachadh dreuchdail fad rèis-obrach m.e. eadar-theangachadh Gàidhlig.			✓			Prionnsapalan chom-pàirtichean acadaimigeach, gu sònraichte Colaisde a' Chaisteil UHI agus Sabhal Mòr Ostaig UHI
18	Cuiridh an t-oilthigh taic ri colaistean com-pàirteachais nam feabhas, nan cleachdadh agus nan leasachadh air Gàidhlig.			✓			Com-pàirtichean acadaimigeach



Raon Leasachaidh: Na h-Ealain agus na Meadhanan

Toradh: **Leasachadh air ealain agus meadhanan Gàidhlig mar dhòigh air a' Ghàidhlig a thoirt gu aire a' mhòr-shluaigh, daoine a tharraing chun na cànan agus an dèanamh nas dealasaiche air a son tro chothroman a bhith ga h-ionnsachadh, ga cleachdadh agus ga leasachadh.**

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
19	Comharraichidh an t-oilthigh cothroman a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid feum a dhèanamh den Ghàidhlig ann am prògraman a thig am bith san àm ri teachd san ullachadh aige airson nan gnìomhachasan cruthachail aig a h-uile h-ìre.				✓		Stiùirichean nan lionra chuspairean iomchaidh



Raon Leasachaidh: Dualchas agus Turasachd

Toradh: A' Ghàidhlig a bhith nas fhollaisiche ann an dualchas is turasachd, agus barrachd feuma a bhith ga dhèanamh den Ghàidhlig ann a bhith a' mìneachadh eachdraidh agus cultar na h-Alba.

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
20	Nì an t-oilthigh sgrùdadh air an ullachadh foghlam àrd-ìre a th' aige an-dràsta ann an turasachd is dualchas, a' dèanamh feum den ro-innleachd turasachd Ghàidhlig mar shlat-tomhais, agus comharraichidh e leasachaidhean fa leth air cùrsaichean airson so-fhaicsinneachd na Gàidhlig a neartachadh sa churraicealam. Tha cothrom ann air ceanglaichean a chur air bhonn gu buidhnean leithid Dualchas Nàdair na h-Alba agus Visit Scotland, gus co-obrachadh a stèidheachadh air pròiseactan buntainneach.		✓				Stiùirichean nan lionra chuspairean iomchaidh

Raon Leasachaidh: Rannsachadh

Toradh: **A bhith a' cur gu h-iomlan ris an tomad eòlais a bhuineas ris a h-uile h-eileamaid den Ghàidhlig agus a cultar.**

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
21	Feuchaidh an t-oilthigh gum bi barrachd oileanachdan ceum rannsachaidh ann aig Sabhal Mòr Ostaig UHI, Colaiste a' Chaisteil UHI agus ann an àitichean eile.	✓					Deadhan an rannsachaidh Prionnsapalan a' chom-pàirteachais
22	Nì an t-oilthigh ullachadh èifeachdach airson sàr thagradh a chur a-steach sa Ghàidhlig san eacarsaich measadh rannsachaidh nàiseanta (REF 2021)			✓			Àrd-ollamh rannsachadh na Gàidhlig/stiùiriche rannsachaidh aig Sabhal Mòr Ostaig UHI Prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
23	Bidh an t-oilthigh air ceann Shoillse 2, is nì e cinnteach gun ruigear na targaidean aontaichte airson toraidhean rannsachaidh, èifeachd agus iomlaid eòlais.	✓					Àrd-ollamh rannsachadh na Gàidhlig Prionnsapalan a' chom-pàirteachais
24	Stèidhichidh an t-oilthigh Institiùd Shaidheansan Cànanain seasmhach le prìomh chuimse air Gàidhlig.				✓		Àrd-ollamh rannsachadh na Gàidhlig
25	Neartaichidh an t-oilthigh a' choimhearsnachd rannsachaidh is iomlaid eòlais aige a thaobh na Gàidhlig, agus e a' solar farsaingeachd de thoraidhean èifeachdach.	✓					Iar-phrionnsapal (rannsachaidh) Àrd-ollamh rannsachadh na Gàidhlig Prionnsapal Shabhal Mòr Ostaig UHI

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean ag aithneachadh cho cudromach is a tha e cur ris na chithear agus na chluinnear den Ghàidhlig sna seirbheisean a bhios e a' toirt seachad do dh'oileanaich.

Gnìomhachdan a thaobh na Dh'fhiosraicheas Oileanaich

Raon Leasachaidh: Taic do dh'oileanaich

Toradh: **Tha na h-oileanaich air fad ann am foghlam àrd-ìre agus adhartach a' toirt an oilthigh fa-near mar stèidheachd dhà-chànanach.**

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
26	Bidh conaltradh a thèid a dh'ionnsaigh an oilthigh gu lèir agus, far am bi e iomchaidh, conaltradh ionadail air a chur a-mach san dà chànan.	✓					Deadhan nan oileanach
27	Tha duilleagan-lìn taic do dh'oileanaich ri am faotainn barrachd is barrachd sa Ghàidhlig.	✓					Deadhan nan oileanach
28	Tha stuthan taic do dh'oileanaich ri am faotainn barrachd is barrachd sa Ghàidhlig.	✓					Deadhan nan oileanach
29	Tha fiosrachadh is goireasan comhairle a thaobh dhreuchdan is so-fhastachd ri am faotainn sa Ghàidhlig.	✓					Deadhan nan oileanach
30	Tha taic ga toirt do Chomann Oileanaich na Gàidhealtachd agus nan Eilean ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig agus gu sònraichte ann a bhith a' dealbhadh a' Phlana Ghàidhlig aige.		✓				Deadhan nan oileanach
31	Gabhaidh innleachd fios air ais a' phutain dheirg uisneachadh tro mheadhan na Gàidhlig.	✓					Deadhan nan oileanach
32	Gabhaidh modh-obrach an oilthigh a thaobh ghearanan uisneachadh tro mheadhan na Gàidhlig.	✓					Deadhan nan oileanach
33	Bheir an t-oilthigh trèanadh aire a thaobh na Gàidhlig do luchd-obrach taic do dh'oileanaich.		✓				Deadhan nan oileanach

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean ag aithneachadh cho cudromach is a tha e cur ri follaiseachd is inbhe na Gàidhlig.

Raon Leasachaidh: Ìomhaigh Chorporra

Toradh: **Bidh gnàths Gàidhlig an oilthigh ri aithneachadh air an aghaidh lèirsinnich aige.**

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifgear-stiùiridh
34	Tha suaicheantas an oilthigh gu tur dà-chànanach.	✓					Stiùiriche margaideachd agus planaidh
35	Tha pàipearachd chorporra an oilthigh, agus litrichean, bileagan-dhùrachdan is cairtean-gnothachais na measg, gu tur dà-chànanach.	✓					Stiùiriche margaideachd agus planaidh
36	Tha suaicheantais nan com-pàirtichean acadaimigeach rim faotainn ann an cruthan Gàidhlig a-mhàin, dà-chànanach agus Beurla a-mhàin, a rèir mar as iomchaidh. Ghabh mòran chom-pàirtichean acadaimigeach ris a' chruth dhà-chànanach, gu sònraichte air sanasan, agus cumaidh sinn oirnn a' toirt taic agus brosnachadh dhaibh seo a dhèanamh.	✓					Stiùiriche margaideachd agus planaidh / prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
37	Nì an t-oilthigh cinnteach gum bi àite is cudromachd na Gàidhlig fhathast aig cridhe is cuislean leasachaidhean a bhitear am beachd dèanamh a thaobh suaicheantachadh is suidheachadh a bhuineas ri ìomhaigh an oilthigh.	✓					Prìomh oifgear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach



Raon Leasachaidh: **Sanasan**

Toradh: Bitear a' cleachdadh na Gàidhlig barrachd is barrachd ann an sanasan an oilthigh air feadh a' chom-pàirteachais acadaimigich.

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
38	An àm dhuinn a bhith gan togail an toiseach no a bhith gan ùrachadh, bidh an t-oilthigh a' cur an àird shanasan uile gu lèir dà-chànanach ann an aitreabhan a tha air an gabhail air aonta no a bhuineas don oilthigh. Ghabh feadhainn de na com-pàirtichean acadaimigeach ri poileasaidh shanasan dà-chànanach, agus leanaidh an t-oilthigh air a bhith a' toirt taic is brosnachadh don chleachdadh seo.	✓					Stiùiriche ghoireasan corporra
39	Nì sinn cinnteach gum bi a h-uile sanas sealach ann an aitreabhan a tha air an gabhail air aonta no a bhuineas don oilthigh fhèin gu tur dà-chànanach.	✓					Stiùiriche ghoireasan corporra



Tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus Gàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aige cur ris an ìre de dh'ullachadh anns an raon seo.

Raon Leasachaidh: **Conaltradh Beòil**

Toradh: **Tha barrachd feuma ga dhèanamh den Ghàidhlig an àm luchd-obrach a bhith ag uisneachadh a' fòn agus ann an ionadan-fàilte.**

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
40	Gheibh luchd-obrach an ionaid-fhàilte air fad trèanadh Gàidhlig agus bidh iad a' cur fàilte air luchd-tadhail sa Ghàidhlig. Thèid luchd-tadhail a tha ag iarraidh cumail orra sa Ghàidhlig a threòrachadh a dh'ionnsaigh neach-obrach iomchaidh.			✓			Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
41	Bidh daoine a chuireas fòn gu prìomh suids-chlàr an oilthigh a-mach à uairean-obrach a' cluinntinn teachdaireachd dhà-chànanach.		✓				Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
42	Bitear a' brosnachadh is a' cuideachadh le gach neach-obrach air feadh chom-pàirteachas an oilthigh a bhith a' cur fàilte air daoine air a' fòn is a' dèanamh theachdaireachdan-gutha san dà chànan.	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach



Raon Leasachaidh: Conaltradh Sgrìobhte

Toradh: Tha a' Ghàidhlig barrachd ri a faicinn ann an conaltradh làitheil air feadh an oilthigh.

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
43	Bidh sinn a' toirt freagairt ann an Gàidhlig air litrichean is puist-d a thig ann an Gàidhlig.					✓	Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
44	Bheir an t-oilthigh brosnachadh is cuideachadh do luchd-obrach air feadh a' com-pàirteachais a bhith a' cleachdadh freagairt puist-d às an oifis' agus earrann ainm puist-d san dà chànan.					✓	Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
45	Solairidh an t-oilthigh tionntadh Gàidhlig ri a luchdachadh a-nuas den fhoirm iarrtais do dh'oileanaich agus bidh sinn a' gabhail ri iarrtasan sa Ghàidhlig airson chùrsaichean cànan Gàidhlig no cùrsaichean tro mheadhan na Gàidhlig. Thèid na foirmean Gàidhlig is Beurla ath-leasachadh is ùrachadh aig an aon àm.		✓				Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
46	Tha foirmean eile a dh'fhaodar lìonadh sa Ghàidhlig rim faotainn ann an cruth dà-chànanach air an làraich-lìn againn agus air lìon in-mheadhanach an luchd-obrach. Mar eisimpleir, an duilleag cheistean coitcheann agus cuideachd goireas a' phutain dheirg.					✓	Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach



Raon Leasachaidh: Conaltradh air an Taobh a-Staigh

Toradh: **Tha a' Ghàidhlig barrachd ri a faicinn ann an conaltradh làitheil air feadh an oilthigh.**

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
47	Bidh conaltradh ri luchd-obrach is oileanaich a thèid chun an oilthigh gu lèir dà-chànanach uair sam bith a bhios sin comasach agus iomchaidh.	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire / deadhan nan oileanach
48	Oibrichidh an t-oilthigh leis a' chom-pàirteachas a sholar chothroman a' Ghàidhlig a bhith nas fhaicsinniche sna gnìomhachdan margaideachd is conaltraidh aige, a' dèanamh na Gàidhlig nas fhollaisiche fhathast tro oidhirp leis a' chom-pàirteachas air fad le chèile.	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/ prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
49	Is e an gnàth-chleachdadh pàipear-an na Comataidh Ghàidhlig a sgaoileadh ann an cruth dà-chànanach.		✓				Cathraiche na Comataidh Ghàidhlig



Raon Leasachaidh: Gearanan

Toradh: A rèir dealas an oilthigh airson co-ionannachd, tha roghainn aig oileanaich is sgilean Gàidhlig aca a bhith a' cur a-steach ghearanan is ath-thagraidhean sa chànan as fheàrr leotha.

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
50	Tha modhan-obrach airson ghearanan do dh'oileanaich agus don mhòr-shluagh rim faighinn ann an Gàidhlig air an làraich-lìn againn.		✓				Oifigear riaghlaidh chorporra agus deadhan nan oileanach
51	Faodaidh oileanaich air cùrsaichean cànan Gàidhlig no cùrsaichean tro mheadhan na Gàidhlig cur romhpa gearanan is ath-thagraidhean mu na cùrsaichean aca a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig.		✓				Deadhan nan oileanach
52	Nì an t-oilthigh cinnteach gum faod a h-uile oileanach ann am foghlam adhartach agus àrd-ìre cur roimhe/roimhe gearanan is ath-thagraidhean mun chùrsa aige/aice a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig.		✓				Deadhan nan oileanach



Raon Leasachaidh: Tachartasan

Toradh: Tha a' Ghàidhlig nas fhaicsinniche ann an eadar-aghaidh an oilthigh ris a' mhòr-shluagh agus luchd-ùidhe.

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
53	Cuiridh an t-oilthigh co-dhiù aon tachartas tro mheadhan na Gàidhlig air dòigh gach bliadhna, le eadar-theangachadh mar aon a rèir mar a bhios iomchaidh.	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prìonnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
54	Tha stuthan-taisbeanaidh bunait-each an oilthigh air fad dà-chànanach agus thèid an cleachdadh seo a bhrosnachadh air feadh a' chom-pàirteachais acadaimigich.	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prìonnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach

Tha rùn aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean barrachd feuma a dhèanamh den Ghàidhlig sna raointean sin anns am bi an ùidh as motha aig a’ phoball no a bhuineas gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig.

Raon Leasachaidh: àimhean Poblach is na Meadhanan

Toradh: **Tha a’ Ghàidhlig nas fhaicsinniche ann an eadar-aghaidh an oilthigh ris a’ mhòr-shluagh agus luchd-ùidhe.**

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
55	Thèid brathan-naidheachd a chur a-mach san dà chànain.	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
56	Bidh neach-labhairt le Gàidhlig ri fhaotainn airson agallamhan sa Ghàidhlig cho fad 's a ghabhas dèanamh, agus tha an stòr-dàta eòlaichean againn a' comharrachadh a bheil sgilean Gàidhlig aig luchd-obrach fa leth.	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
57	Tha àrd-luchd-obrach air feadh chom-pàirteachas an oilthigh air an trèanadh agus ri am faotainn a bhith a' gabhail pàirt ann an agallamhan airson nam meadhanan Gàidhlig.	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
58	Bidh foillseachaidhean an oilthigh a tha air an cuimseachadh air prìomh luchd-ùidhe agus am mòr-shluagh air an cur a-mach san dà chànain. Bidh foillseachaidhean eile den t-seòrsa seo air feadh chom-pàirteachas an oilthigh air an cur a-mach san dà chànain a rèir mar a bhios iomchaidh	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach



Raon Leasachaidh: **Conaltraidhean ri Alumni**

Toradh: **Tha a' Ghàidhlig ri a faicinn ann an conaltraidhean ri alumni an oilthigh.**

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
59	Bidh stuthan an oilthigh do dh'alumni air an dèanamh ann an cruth dà-chànanach.			✓			Ceannard leasachaidh
60	Thèid an t-oilthigh an grèim gu h-èasgaidh is gu cunbhalach ri bhith a' tarraing aire air an dreachd Ghàidhlig de litir-naidheachd nan alumni agus feuchaidh sinn ris an àireamh de dhaoine a bhios a' fo-sgrìobhadh rithe a mheudachadh.			✓			Ceannard leasachaidh

Raon Leasachaidh: Trusadh Oileanaich

Toradh: Tha fhios aig a h-uile duine a dh'fhaodadh a bhith am beachd a bhith na oileanach leinn gun e stèidheachd dhà-chànanach a tha san oilthigh.

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
61	Bidh stuthan-sanasachaidh airson chùrsaichean tro mheadhan na Gàidhlig ann an Gàidhlig a-mhàin no san dà chànan le co-oibrichean sa chom-pàirteachas.	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
62	Bheir an t-oilthigh tarraing mar a bhios iomchaidh air an àite a th' aig a' Ghàidhlig san oilthigh ann an stuthan-sanasachaidh airson chùrsaichean tro mheadhan na Beurla.	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
63	Nì an t-oilthigh stuthan-taisbeanaidh dà-chànanach airson obair trusadh oileanaich far am bi sin iomchaidh.	✓					Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach.
64	Nì an t-oilthigh rannsachadh is deuchainn air cothroman sna meadhanan sòisealta le susbaint inntinneach sa Ghàidhlig gus am bi a' chànan agus gnìomhachdan a tha a' dol air feadh a' chom-pàirteachais nas fhaicsinniche. Dh'fhaodadh susbaint le oileanaich, teachdaireachdan, blogaichean is bhidiothan a bhith air an gabhail a-steach an seo.			✓			Prìomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach



Raon Leasachaidh: Làrach-lìn

Toradh: Fiosrachadh a sholar do dh'òileanaich is luchd-obrach air gnothaichean a bhuineas ris a' Ghàidhlig.

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
65	Bidh susbaint àrd-ìre air làrach-lìn an oilthigh air a solarachadh ann an Gàidhlig is ann am Beurla, le eadar-aghaidh làn Ghàidhlig airson an tionndaidh Ghàidhlig.		✓				Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire
66	Uisnichidh an t-oilthigh mion-sgrùdadh lìn gus an comharraichear duilleagan a bu chòir a bhith air an cur air thoiseach ri an eadar-theangachadh air làrach-lìn an oilthigh, is prìomhachas ri a thoirt do dh'fhiosrachadh mu ionnsachadh na Gàidhlig, ullachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus cùisean ceangailte ris a' Ghàidhlig.			✓			Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire
67	Bidh an t-oilthigh a' cumail sùil air àireamh nan tadhalan air duilleagan Gàidhlig agus a' sgrùdadh mar a bhios daoine a' siubhal tro dhuilleagan gus am faic sinn gu soilleir cò na duilleagan nach eil ann an-dràsta ach anns a' Bheurla a-mhàin air am bu chòir prìomhachas a chur airson an eadar-theangachadh gu Gàidhlig.			✓			Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire
68	Cuiridh an t-oilthigh an tionndadh Gàidhlig de làrach-lìn an oilthigh air a' ghleus as fheàrr a ghabhas airson shreangan-rannsachaidh Gàidhlig, a dhèanamh cinnteach gun tèid rannsachaidhean den t-seòrsa a chur chun na duilleig-lìn Ghàidhlig.			✓			Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire
69	Comharraichidh an t-oilthigh mar a bhios e a' làimhseachadh susbaint eadar-theangaichte nuair a dh'atharraicheas duilleagan-lìn agus cuiridh sinn am pròiseas seo ann an sgrìobhadh. Nuair a bhios na h-atharrachaidhean cearta air an dèanamh, thèid an t-susbaint fhoillseachadh.		✓				Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire



Tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean ag aithneachadh cho cudromach agus a tha e a’ Ghàidhlig a mheas mar eòlas-obrach cudromach agus suidheachaidhean a chomharrachadh anns am bi e riatanach no ion-mhiannaichte feum a dhèanamh dhith. Tha an t-oilthigh cuideachd ag aithneachadh cho cudromach agus a tha e a bhith a’ cur an comas luchd-obrach an sgilean sa Ghàidhlig a leasachadh ma thogras iad.

Raon Leasachaidh: Trèanadh

Toradh: Gum bi barrachd luchd-obrach ann air feadh chom-pàirteachas an oilthigh a tha a’ dèanamh feum de thrèanadh Gàidhlig.

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
70	Bidh an t-oilthigh gu h-èasgaidh a’ sanasachadh is a’ solar chothroman trèanaidh is mothachadh air a’ Ghàidhlig do luchd-obrach, buill den chùirt is buill den bhòrd air feadh a’ chom-pàirteachais.	✓					Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
71	Soirbhichidh an t-oilthigh iarrtas sam bith bho riochdairean Chomann Oileanaich na Gàidhealtachd agus nan Eilean a bhith a’ frithealadh trèanadh ann am mothachadh air a’ Ghàidhlig.	✓					Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
72	Bitear a’ cur fiosrachadh ùr gu cunbhalach air bùird-fhiosrachaidh mu chothroman ionnsachaidh Gàidhlig.	✓					Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
73	Bidh fiosrachadh mu chothroman ionnsachaidh Gàidhlig a’ nochdadh ann an litrichean-naidheachd don luchd-obrach gu cunbhalach.	✓					Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
74	Bitear a’ brosnachadh luchd-obrach air feadh chom-pàirteachais an oilthigh a bhith a’ beachdachadh air leasachadh nan sgilean Gàidhlig aca mar phàirt de na h-ath-sgrùdaidhean leasachaidh cunbhalach aca a rèir mar a bhios iomchaidh.			✓			Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
75	Tha an t-oilthigh a’ solar pasgan uidheim Gàidhlig eadar-obrachail a tha ri fhaotainn don luchd-obrach air fad air an eadar-lìon. Tha luchd-obrach air an stiùireadh gu làrach-lìn learn Gaelic.scot airson tuilleadh chothroman ionnsachaidh.	✓					Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire

Raon Leasachaidh: Trusadh Luchd-obrach

Toradh: **Bidh a' Ghàidhlig mòran ri a faicinn ann an dreuchdan far am measar a' Ghàidhlig a bhith an dàrna cuid ion-mhiannaichte no do-sheachanta.**

Àir.	Gnìomhachd	Leantainneach	2019	2020	2021	2022	Oifigear-stiùiridh
76	Nithear sgrùdadh sgilean gus an tomhaisear dè cho comasach is a tha luchd-obrach sa Ghàidhlig agus dè na a dh'fheum a bhios iad a' dèanamh dhith agus gus am bi e mar bhunait airson leasachadh sgilean Gàidhlig san àm ri teachd.		✓				Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
77	Bidh stuthan trusaidh a' comharrachadh "Eòlas air a' Ghàidhlig agus a cultar no ùidh annta" mar shlat-tomhais taghaidh ion-mhiannaichte.	✓					Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
78	Far a bheil comas sa Ghàidhlig na riatanas do-sheachanta airson na dreuchd, thèid an t-agallamh a chumail sa Ghàidhlig.	✓					Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
79	Bidh sgrìobhainnean airson luchd-obrach a thrusadh gu dreuchdan far a bheil comas sa Ghàidhlig air a chomharrachadh mar rud riatanach air an toirt a-mach sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.	✓					Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach
80	Bidh dreuchdan far a bheil comas sa Ghàidhlig air a chomharrachadh a bhith riatanach air an sanasachadh gu dà-chànanach.	✓					Priomh oifigear gnìomhachaidh agus rùnaire/prionnsapalan nan com-pàirtichean acadaimigeach

Cur an gnìomh agus dearcnachadh

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad ceithir bliadhna bhon cheann-là a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Ro dheireadh na h-ùine seo, sgrùdaidh an t-oilthigh am plana, nì sinn atharrachaidhean mar as iomchaidh agus cuiridh sinn gu Bòrd na Gàidhlig e ri bhith air aontachadh. Tha an t-oilthigh air cinn-là fa leth a chomharrachadh airson gach gealladh àireamhaichte sa phlana.

Fios a sgapadh mun phlana

Thèid ar Plana Gàidhlig fhoillseachadh gu dà-chànanach air an làraich-lìn againn ann an àite follaiseach. A bharrachd air sin, nì sinn mar a leanas:

- Cuiridh sinn fios-naidheachd a-mach le fios mu aontachadh agus foillseachadh a' phlana
- Tairgidh sinn agallamhan leis na meadhanan sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, mar as iomchaidh
- Innsidh sinn do luchd-obrach, oileanaich agus luchd-ùidhe mun phlana ùr agus mar a gheibh iad e

A rèir an deagh chleachdaidh, cha riarach an t-oilthigh leth-bhreacan pàipeir den phlana, ach brosnachidh sinn luchd-ùidhe a bhith ag amharc air air loidhne. Ge-tà, bheir an t-oilthigh leth-bhreacan pàipeir seachad ma thèid an iarraidh gu sònraichte.

Ullachaidhean a thaobh rianachd gus am Plana Gàidhlig a chur an gnìomh

Tha am plana seo na phoileasaidh aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus chaidh aonta a chur ris leis a' chomataidh Ghàidhlig, comhairle a' chom-pàirteachais, a' chomhairle acadaimigeach, comataidh an ionmhais agus adhbharan coitcheann agus cùirt an oilthigh.

An t-Uallach Coitcheann

'S ann air a' phrionnsapal agus iar-sheansalair a bhios an t-uallach coitcheann airson dèanamh cinnteach gun toir Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean na geallaidhean sa phlana seo gu buil.

Buill den luchd-obrach

Tha an t-oilthigh air a dhèanamh suas de chaochladh fhastaichean fa leth agus mar sin bidh diofar ullachaidhean pongail ann airson cur an gnìomh air feadh chom-pàirteachas an oilthigh. Gheibh luchd-obrach fios mu na dleasan aca tro fharsaingeachd de mhodhan-conaltraidh in-mheadhanach, a' gabhail a-steach siostam brath-ullachaidh sgioban an oilthigh. Tha uallach sònraichte air manaidsearan loidhne a bhith cinnteach gun cum iad an conaltradh ris an luchd-obrach aca gus an cuidich iad le bhith a' cur an gnìomh nan geallaidhean sa phlana.

Seirbheisean rin libhrigeadh le buidhnean eile

Nuair a dh'obraicheas an t-oilthigh le buidhnean eile, innsidh e dhaibh mun Phlana Ghàidhlig agus feuchaidh e ri dèanamh cinnteach gun gèillear ri prionnsabalan a' phlana, mar as iomchaidh.

Stòrasan airson a' phlana

Nì an t-oilthigh cinnteach gu bheil maoinachadh gu leòr ri fhaotainn a h-uile bliadhna airson a gheallaidhean sa phlana a choilionadh. Far am bi feum air maoinachadh a bharrachd mar thoradh air cur an gnìomh a' phlana, comharraichidh an t-oilthigh na costasan riatanach sa phròiseas buidseit airson gach bliadhna is nì e cinnteach gum bi gnìomhachdan air an toirt fa-near sa bhuidseat mar as iomchaidh. Faodaidh gun tèid maoinachadh iarraidh on taobh a-muigh airson phròiseactan fa leth.

Dearcnachadh air cur an gnìomh a' phlana

Bidh adhartas a' phlana na ghnàth-nì air clàr-gnothaich na comataidh Gàidhlig, aig am bi uallach iomlan còmhla ri cùirt an oilthighe airson a bhith a' sgrùdadh agus a' comhairleachadh air a' phlana. Thèid fiosrachadh mu dhealasan sònraichte a thional le oifigear Gàidhlig an oilthighe a chumas ceangal cunbhalach ris na stiùirichean ainmichte air na diofar ghnìomhan sa phlana. Nì an t-oifigear Gàidhlig mion-sgrùdadh air na thig air ais agus comharraichidh a' Chomataidh Ghàidhlig prìomh ghnìomhan a chumas fiosrachadh ris a' phròiseas planaidh a' dol air adhart.

A bharrachd air sin bidh aithisg bhliadhnail ann air an adhartas a bhios air a dhèanamh air na geallaidhean air an tèid beachdachadh le àrd-sgioba stiùiridh an oilthigh, comhairle a' chom-pàirteachais agus cùirt an oilthigh. Thèid an earrann den aithisg bhliadhnail a bheir an aire air curraicealam is rannsachadh a sgrùdadh le comhairle acadaimigeach an oilthigh. An dèidh beachdachadh in-mheadhanach, thèid an aithisg bhliadhnail a chur a dh'ionnsaigh Bhòrd na Gàidhlig.

Fiosrachadh conaltraidh

Is e an t-àrd-oifigear air a bheil an dleastanas gnìomhach airson stiùir a chumail air ullachadh, libhrigeadh is dearcnachadh Phlana Gàidhlig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean:

An t-Àrd-Ollamh Clive Mulholland

Prionnsapal agus Iar-Sheansalair

Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

12B Slighe Nis

Inbhir Nis

IV3 5SQ

01463 279215

clive.mulholland@uhi.ac.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

DJ Mac an t-Saoir

Oifigear Gàidhlig

Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

12B Slighe Nis

Inverness

Inbhir Nis

01463 279350

dj.macIntyre@uhi.ac.uk

[ADHARTAS TRO NA CÙRSAICHEAN]

1

[SCQF¹ 4-6]

An Cùrsa Inntigidh
(air astar)

Cùrsaichean Goirid agus
cùrsaichean coimhearsnachd

Àrd-irean agus
Preantasachdan

2

[SCQF 7]

Cert HE
An Cùrsa Adhartais

Cert HE Gàidhlig agus
Conaltradh

Cert HE
An Cùrsa Comais

Cert HE
Gaelic Scotland

HNC²
Cùram Chloinne

3

[SCQF 8]

Dioplòma anns na
Meadhanan Gàidhlig

Dip HE Gàidhlig is
Chuspairean Co-cheangailte

Dip HE
Gaelic Scotland

4

[SCQF 9 & 10]

BA/BA (Urram)
Cànan
agus Cultar
na Gàidhlig

BA/ BA (Urram)
Gàidhlig agus
Leasachadh

BA/ BA (Urram)
Gàidhlig agus
na
Meadhanan

BA/BA (Urram)
Gaelic
Scotland

BA/ BA (Urram)
Gàidhlig agus
Ceòl
Traidiseanta

BA (Urram)
Gàidhlig
agus
Foghlam

5

[SCQF 10]

PGDE (Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig - Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)³

6

[SCQF 11 & 12]

PDA Eadar-theangachadh
Gàidhlig

MSc Cultar Dùthchasach
agus Eachdraidh
na Gàidhealtachd

Ceumannan rannsachaidh⁴
(e.g. MRes, PhD)

1 SCQF - Scottish Credit and Qualifications Framework

2 An dùil ri thabhann bhon t-Sultain 2018, an urra ri dearbhadh

3 PGDE - Professional Graduate Diploma in Education. Tha feadhainn de mhodalan aig ìre SCQF 11

4 Tha na ceumannan aig ìre SCQF 12